

Iorram do MhicGilleEathain Dhubhairt

le Iain Lom

Ged is fhada mu thuath mi,
'S math leam slàn do na h-uaislean,
Leam gur mithich 'bhith gluasad gu m' thìr.

Gu dùthaich Shir Lachainn,
Nam pìob is nam bratach,
'S mór mo dhiùbhal ri faction an rìgh.

Cha b' e leantainn na lùdaig,
Ris na teudan bu dlùithe,
A thug mise do 'r dùthaich bhig, chrin.

Ach bàs MhicGilleEathain,
E 'n réilig Odhrain 'na laighe,
'S e dh'fhàg mise gun aighir gun phléid.

Agus eachann san àraich,
Fo thrupa nan nàmhad,
Fáth mo thùrsa gach latha 'bhith 'gur caoidh.

'S math thigeadh clogaide cruadhach,
Air cùl bachlach nan dual glan,
Gnùis fhilathail as gruaidh mar am fion.

Agus spàinteach gheur thairis,
Ann an ceann claiginn ealant',
As sgiath bhreac nam ball daingeann 'gad dhìon.

Nam biodh agam air blàran,
De Chlann Dòmhnail 's de m' chàirdean,
Mheud 's a chunnaic mi 'n armait an rìgh.

Mheud 's a chunnaic mi fhéin diubh,
Teachd air liongeas á Éirinn,
De shliochd gasta Chuinn Cheud Cha'ich nam pìos.

Cha bu shìochaint ur cogadh,
'N àm dol sìos an tùs trod, duibh,
'Dhream rioghail nan clogaid 's nam pìc.

Chluinnteadh faram ur clàidhean,
Air claignibh ur nàmhaid,
Agus blaighdean nan ceann 'gan toirt sìos.

'S a liuthad cùbaire gealtach,
Tha buidhinn cùirt ann an Sasann,
Bha 'ga chrùbadh mar chat ann an craoibh.

Agus rògair breugach,
Bha mu mhilleadh rìgh Teàrlach,
'S a tha nis oirnn ag éirigh gu strì.

'S mur chaochail sibh faction,
Gum bi taobh dearg ur leapa,
Ur fuil 'bhith taosgadh an claisean 's an dig.

'S gun cluinnteadh feadaireachd luaidhe,
An lorg sradag na cluaise,
'S mnai 'g acain 's cha chruaidh leinn an caoidh.